

A Mhòrachd Rìoghail Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-Diùc na Còirn Sgrùdadh Bliadhnail 2007

'S e adhbhar an Sgrùdaidh Bhliadhnail seo cunntas a thoirt air gnìomhan oifigeil is carthannach Prionnsa na Cuimrigh is Ban-Diùc na Còirn agus fiosrachadh a thoirt seachad mun teachd-a-steach is mun caiteachas oifigeil airson na bliadhna suas gu 31 Màrt 2007.

Tha an Sgrùdadh a' toirt cunntas air dreuchd is gnìomhan Prionnsa na Cuimrigh, anns a bheil trì prìomh eileamaidean: a' gabhail os làimh dleastanasan rìoghail mar thaic don Bhànrigh, ag obair mar neach-tionnsgain carthannais agus a' brosnachadh is a' dìon dualchasan, feartan is feabhasan nàiseanta.

www.princeofwales.gov.uk

Air làrach-lìn a' Phrionnsa tha cunntasan mu na dleastanasan oifigeil uile, mu òraidean, is mu artaigilean agus raon farsaing de dh'fhiosrachadh beath-eachdraidheil is fìorail.

CLÀR-INNSE

02 | 09 RO-RÀDH

- 02 | 03 Geàrr-chunntas
- 04 | 05 Dleastanasan is gnìomhan
- 06 | 07 Diùcachd na Còirn
- 08 | 09 Uallaichean àrainneachd is sòisealta

10 | 17 A' TOIRT TAIC DHAN BHÀNRIGH

- 12 | 15 An Rìoghachd Aonaichte is thall-thairis
- 16 | 17 Na Seirbheisean Armaichte

18 | 35 NEACH TIONNSGAIN CHARTHANNAS

- 20 | 21 £119 millean dha buidhnean carthannais
- 22 | 23 Cothroman is iomairtean
- 24 | 25 Slàinte
- 26 | 27 Foghlam
- 28 | 29 Gnothachas cunntasach
- 30 | An àrainneachd nàdarra
- 31 | Duchy Originals
- 32 | 33 An àrainneachd thogte
- 34 | 35 Na h-ealain

36 | 41 A' BROSNAHADH IS A' DÌON

- 38 | 41 A' togail chùisean

42 | 55 TEACHD-A-STEACH, CAITEACHAS IS LUCHD-OBRACH

- 44 | Cunntas teachd-a-steach is caiteachais
- 45 | Teachd-a-steach is maoineachadh
- 46 | 47 Caiteachas
- 48 | 52 Eagrachadh luchd-obrach is oifis
- 53 | Tursan bliadhna
- 53 | Cosgaisean oifigeil sgrùdaichte a rèir gnè caiteachais

54 | 56 PÀIPEAR-TAICE

- 54 | 55 Cùraman Àrd Stiùirichean
- 56 | Buidhnean carthannais A' Phrionnsa

GEÀRR-CHUNNTAS

Tha an Sgrùdadh Bliadhna seo a' dèiligeadh ris a' bhliadhna suas gu 31 Màrt 2007. A bharrachd air an ro-ràdh seo agus taghadh de thachartasan bhon bhliadhna, tha ceithir prìomh earrannan ann: aon an urra a' dèiligeadh ri na trì prìomh eileamaidean ann an dleastanas Prionnsa na Cuimrigh, agus an ceathramh tè a' toirt cunntas air mar a tha a' ghnìomhan agus oifis air am maoinneachadh agus a' mìneachadh dleastanasan a chuid àrd stiùirichean.

Ged nach eil dreuchd shònraichte a thaobh bun-reachd na dùthcha aig Oighre a' Chrùin, tha Am Prionnsa a' feuchainn ri nas urrainn dha a dhèanamh, le taic bho mhnaoi, Ban-Diùc na Còirn, airson cùisean a dhèanamh nas fheàrr san Rìoghachd Aonaichte is gu h-eadar-nàiseanta. Gabhaidh an dòigh sa bheil e a' dèanamh seo a bhith air a roinn gu simplidh ann an trì earrainnean.

A' gabhail os làimh dleastanasan rìoghail mar thaic don Bhànrig

Tha seo a' gabhail a-steach Am Prionnsa a bhith toirt taic dhan Bhànrig na dleastanas mar mheadhan airson uail nàiseanta, aonachd is ùmhachd agus a bhith a' toirt dhaoine ri chèile thar gach raon shòisealta, a' riochdachadh seasmhachd is leantainneachd, a' comharrachadh soirbheachadh, a' cur cuideam air cudromachd seirbheis is na roinne shaor-thoileach tro bhrosnachadh is eisimpleir

Ag obair mar neach-tionnsgain charthannas

Airson iomadh bliadhna tha Am Prionnsa air a bhith lèirsinneach a thaobh feumalachdan carthannais a shònrachadh agus a bhith a' stèidheachadh is a' brosnachadh buidhnean carthannais gus na feumalachdan sin a choinneachadh. An-diugh, tha Buidhnean Carthannais a' Phrionnsa, mar a theirte ri na 18 buidhnean, nam pàirt den iomairt charthannais ioma-adhbhar as motha san RA. Gach bliadhna tha A Mhòrachd Rìoghail a' cuideachadh le bhith a' tional, ann an dòigh air choreigin, còrr air £100 millean airson taic a chur ri obair buidhnean carthannais.

A' brosnachadh is a' dìon dualchasan, feartan is feabhasan nàiseanta

Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' toirt taic do choimhearsnachdan dùthchail Bhreatainn, a' brosnachadh cealachas is barrachd tuigse eadar creideamhan is coimhearsnachdan eadar-dhealaichte, agus a' comharrachadh soirbheachadh no cùisean nach fhaigheadh, gun a thaic, mòran aire. San t-seagh seo, tha A Mhòrachd Rìoghail na mheadhan air deasbad is atharrachadh a thoirt mun cuairt tro litrichean gu, is coinneamhan ri, ministearan Riaghaltais agus daoine cumhachdach eile, agus le bhith a' toirt òraidean seachad is a' sgrìobhadh artaigilean. Ann a bhith a' dèanamh seo tha e an-còmhnaidh faiceallach gun seachain e cùisean connspaideach, poiliteach.

Ann a bhith a' coileanadh a dhleastanas mar Oighre a' Chrùin tha Prionnsa na Cuimrigh a' faighinn taic airson na tha e a' dèanamh bho mhnaoi, Ban-Diùc na Còirn. An àite a bhith sireadh ìomhaigh mhòr phoblach dhith fhèin, 's e dleastanas A Mòrachd Rìoghail a bhith a' toirt taic dha cèile, a' frithealadh thachartasan tron dùthaich is thall-thairis. Bidh a' Bhan-Diùc cuideachd a' frithealadh chuirmean is thachartasan leatha fhèin, agus bidh i a' cuairteachadh obair charthannais is eile na dreuchd mar Chùl-taic no Cheann-suidhe Bhuidhnean carthannais.

Geàrr-chunntas

Ged a tha an dòigh sa bheil Prionnsa na Cuimrigh a' coileanadh a dhleastanasan poblach an ìre mhath seasmhach bho bhliadhna gu bliadhna, bha trì prìomh chuspairean a' sònrachadh 2006-07. B' e a' chiad fhear obair chèn Am Mòrachdan Rìoghail às leth na dùthcha is an Riaghaltais, anns an do thadhail Am Prionnsa no Am Prionnsa is a' Bhan-Diùc còmhla, ann an 12 mìos a bha anabarrach trang, air Pagastan, ceithir dùthchannan sa Chamas, Sierra Leone, Nigeria agus air na Stàitean Aonaichte. San fharsaingeachd, 's e amas nan cuairtean thall-thairis cuideachadh le bhith ag altraim is a' neartachadh dàimh na RA le dùthchannan is daoine air feadh an t-saoghail, agus togail is sònrachadh a thoirt dha feabhas Bhreatainn is dha na chuir e ris a' choimhearsnachd eadar-nàiseanta.

B' e atharrachadh gnàth-shìde an dara prìomh chuspair, cùis gu bheil Am Prionnsa air a bhith a' tarraing aire airson iomadh bliadhna. A thuilleadh air a bhith a' frithealadh grunn de thachartasan cudromach co-cheangailte ris an àrainneachd agus a' libhrigeadh grunn òraidean air a' chuspair, sa bhliadhna mu dheireadh, tha Muinntir Teaghlaich A' Phrionnsa is Bhan-Diùc na Còirn air a bhith a' dèanamh ath-sgrùdadh àrainneachdail air an gnìomhan gu h-iomlan.

Bharantaich Am Prionnsa an t-ath-sgrùdadh airson 'lorg-coise gualain' Muinntir a Theaghlaich, a' gabhail a-steach taighean-còmhnaidh is oifisean, a' toirt a-steach cleachdadh lùtha is uisge, agus siubhal luchd-obrach air càr, trèana is plèana a thuilleadh air siubhal pearsanta Am Mòrachdan Rìoghail. Tha na dòighean san tèid lùghdachadh a dhèanamh air gualan is sgaoilidhean gasa eile agus fiosrachadh eile mu phoileasaidh àrainneachdail Muinntir an Teaghlaich, air am mìneachadh is air an toirt seachad air duilleagan 8 is 9.

B' e an àrainneachd thogte an treas cuspair. Rè na bliadhna, chùm Am Prionnsa is a bhuidheann chathrannais, The Prince's Foundation for the Built Environment, orra a' toirt brosnachadh is comhairle mu chruthachadh thaighean a bhiodh na bu chòmhnaidheil is na bu fhreagarraiche, an dà chuid san dùthaich seo agus thall-thairis. Ann an 2006-07, bha a' Bhunait agus iomairtean carthannais eile a stèidhich Am Prionnsa an sàs ann an leasachadh choimhearsnachdan seasmhach ann an àiteachan cho eadar-dhealaichte ri Newquay sa Chòrn, Kingston ann an lameuga, agus Kabul ann an Afganastan. A thuilleadh air sin, an dèidh turas A' Phrionnsa gu Sierra Leone san t-Samhain 2006, tha còmhraidhean air tòiseachadh mu iomairt a dh'fhaodadh tachairt eadar Oifis nan Dùthchannan Cèin is a' Cho-fhlaitheis gus cuideachadh le ath-bheothachadh a thoirt gu cuid de na roinnean as bochda ann am prìomh bhaile na dùthcha, Freetown.

TEACHD-A-STEACH IS CAITEACHAS

A' bhliadhna gu 31 Màrt	2007	2006
	£000an	£000an
Teachd-a-steach bho Dhiùcachd na Còirn	15,174	14,067
Maoineachadh bho Tabhartas Cobhair is Roinnean Riaghaltais	2,454	2,073
Teachd-a-steach Iomlan is Maoineachadh	17,628	16,140
Caiteachas oifigeil	9,714	8,660
Còrr an dèidh cosgaisean oifigeil	7,914	7,480
Cis air Còrr	3,434	3,296
Caiteachas neo-oifigeil	2,614	2,181
Caiteachas calpa (fo isleachadh), ath-phàigheadh iasadan agus gluasadan gu cùl-stòran	1,671	1,867
Airgead corra cruinn	195	136

Airson dàta ionmhais eachdraidheil rachaibh gu: www.princeofwales.gov.uk/mediacentre/annualreview

DLEASTANASAN IS GNÌOMHAN

Ann an 2006-07, ghabh Prionnsa na Cuimrigh os làimh 632 dleastanas oifigeil, 86 dhiubh sin a bha thall-thairis, agus ghabh Ban-Diùc na Còirn os làimh 222 dleastanas, 60 dhiubh a bha thall-thairis. Tha na dleastanasan is na gnìomhan a leanas a' sealltainn raon-obrach Am Mòrachdan Rìoghail rè na bliadhna.

Dinnear teaghlaich airson 80mh co-là-breith na Bànrigh a chomharrachadh

Sa Ghiblean 2006, chùm Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-Diùc na Còirn dinnear teaghlaich ann an Lùchairt Kew a bha dìreach air fosgladh a-rithist ann an Lunnainn airson 80mh co-là-breith na Bànrigh a chomharrachadh. Bha 27 buill den Teaghlach Rìoghail an làthair, agus bha taisbeanadh teintean-ealain air rèidhleanan na Lùchairt. Air latha na dinneir, chaidh teachdaireachd phearsanta bhon Phrionnsa gu A Mòrachd a chraoladh air telebhisean.

Barantachadh Prionnsa Harry is Prionnsa Uilleam aig Sandhurst

Sa Ghiblean 2006 agus san Dùbhlachd 2006, fhrithheil Am Mòrachdan Rìoghail Caismeachdan na Bànrìghe (Barantachadh) Prionnsa Harry is Prionnsa Uilleam fa leth, aig Acadamaidh Rìoghail armailteach Sandhurst. Chaidh an dithis Phrionnsa, a thòisich air an cùrsaichean trèanaidh oifigich 11-mìosail aig amannan eadar-dhealaichte, a bharantachadh le chèile dha na Blues and Royals, agus chaidh an cur a rèiseamaid an Household Cavalry ann an Windsor.

Prionnsa na Cuimrigh a' toirt òraid seachad aig co-labhairt Slàinte na Cruinne ann an Geneva

Sa Chèitean 2006, fhuair Prionnsa na Cuimrigh cuireadh òraid a lìbhrigeadh aig co-labhairt bhliadhnail Buidheann Slàinte na Cruinne ann an Geneva. Na òraid, thuir A Mhòrachd Rìoghail gun robh e cudromach brosnachadh a thoirt do dhòigh-obrach aonaichte is farsaing a thaobh nua eòlas-leighis, dòigh a bha a' gabhail suim de chùisean bhon taobh a-muigh leithid taigheadais, àrainneachd is àiteachais nuair bhathar a' dèiligeadh ri tinneas agus a' brosnachadh deagh shlàinte.

A' tadhal air Gower sa Chuimrigh airson aon de na h-àiteachan as brèagha san RA a chomharrachadh

San Iuchar 2006, thadhail Am Prionnsa is A' Bhan-Diùc air Taobh Siar na Cuimrigh airson an 50mh ceann-bliadhna aig Gower a chomharrachadh bho chaidh ainmeachadh mar a' chiad Cheàrn de dh'Àilleachd Nàdarra Shònraichte ann am Breatainn. Rè an turais, mheal Am Mòrachdan Rìoghail cuairt sa ghrèin shoilleir air mullach na creige le a sheallaidhean àlainn de thràigh Rhossili agus Worms Head.

A' taisbeanadh cuimhneachan ann an Alba dha Bànrigh Ealasaid Màthair na Bànrìghe

San Lùnastal 2006, thaisbein Diùc is Ban-Diùc Baile Bhòid, mar a theirte ri Am Mòrachdan Rìoghail ann an Alba, cuimhneachan dha Bànrigh Ealasaid, Màthair na Bànrìghe, a bha Am Prionnsa air a bharantachadh, aig an eaglais ann an Canisbay, Gallaibh. Bhiodh Seanmhair A Mhòrachd Rìoghail, a chaochail ann an 2002, a' frithealadh na h-eaglaise gu cunbhalach thar 50 bliadhna nuair a bhiodh i a' fuireach ann an Caisteal Mey a tha faisg air làimh.

A' coinneachadh ri sgiobachd seirbheisean Bhreatainn a chaidh a leòn san t-strì ann an Afganastan agus Iraq

San Dàmhair 2006, thadhail Am Mòrachdan Rìoghail air Ionad Rìoghail eòlas-leighis an Dion stèidhichte ann an ospadal Selly Oak ann am Birmingham, far am bithear a' toirt a' chuid mhòr de luchd-seirbheis a thèid a leòn thall-thairis airson leigheas. Choinnich Am Prionnsa ri euslaintich ann an uard an sgannraidh, a' gabhail a-steach fir bho Rèiseamaid nam Paraisiut, fhad 's a bha a' Bhan-Diùc a' bruidhinn ri euslaintich is an teaghlaichean.

Ag ath-fhoillseachadh làrach-lìn oifigeil Prionnsa na Cuimrigh le bhidio air-loidhne

San Dàmhair 2006, nochd Prionnsa na Cuimrigh ann am film a "Day in the Life" a chaidh a dhèanamh a dh'aona ghnothaich airson ath-fhoillseachadh a làraich-lìn, www.princeofwales.gov.uk. Sheall a' bhidio ochd-mionaidean Am Prionnsa is A' Bhan-Diùc a' gabhail os làimh latha de dhleastanasan ann am Birmingham agus aig Highgrove.

A' faighinn duais airson saorannachd àrainneachd aig Club Harvard ann an New York

San Fhaoilleach 2007 aig cuirm ann an New York, chaidh an 10mh Global Environmental Citizen Award sgoil mheidigeach Harvard a thoirt dha Prionnsa na Cuimrigh le Al Gore, a chleachd a bhith na Iar Cheann-suidhe air na SA, agus Meryl Streep. Ghabh A Mhòrachd Rìoghail an duais nuair a bha e air turas trì latha don Stàitean Aonaichte a thug a-steach turas gu Philadelphia.

A' cur air bhog a' chiad Sheachdain Thurasachd Bhreatainn le tursan gu Lunnainn is gun Chuimrigh

Sa Mhàrt 2007, chuidich Am Prionnsa le bhith a' cur air bhog a' chiad sheachdain thurasachd Bhreatainn le bhith a' tadhal air Tùr Lunnainn, agus nas fhaide san aon sheachdain air Gàrraidhean Luibheanach na Cuimrigh. Air a chuairt tron Chuimrigh chùm A Mhòrachd Rìoghail coinneamh ri ceannardan na turasachd air an Trèana Rìoghail.

DIÙCACHD NA CÒIRN

'S i Diùcachd na Còirn an oighreachd phrìobhaiteach a tha a' maoinachadh gnìomhan poblach, carthannach is prìobhaiteach Prionnsa na Cuimrigh is a theaghlach. Tha timcheall air 54,650 heactair talmhainn ann ann am 20 siorrachd, a' mhòr-chuid ann an iar dheas Shasainn, agus tha e a' gabhail a-steach togalaichean àiteachais, còmhnaidh agus malairteach a thuilleadh air cùram-roinne ionmhasail.

Chaidh oighreachd na Diùcachd a chruthachadh ann an 1337 le Eideard III dha mhac, Am Prionnsa Eideard, agus b' e a' phrìomh dhreuchd, is a tha fhathast, teachd a-steach a thoirt dha Prionnsa na Cuimrigh mar Oighre a' Chrùin. Na dhreuchd mar Dhiùc na Còirn, tha Prionnsa na Cuimrigh gu gnìomhach an sàs ann a bhith a' ruith na Diùcachd agus tha e gu sònraichte a' dèanamh cinnteach gu bheil sàr chleachdadh àrainneachd is àiteachais, leasachadh seasmhach agus co-obrachadh le luchd-gabhail agus coimhearsnachdan ionadail aig cridhe modh-stiùiridh na Diùcachd. Tha Am Prionnsa air sealltainn tron Diùcachd agus tro chompanaidh-bidhe, Duchy Originals, gu bheil a bhith a' coimhead ris an fhad-ùine agus a bhith a' gleidheadh is a' cumail suas coimhearsnachdan a' dol le deagh phrothaid ionmhasail.

Tha an dòigh-obrachaidh seo ri fhaicinn ann an coileanadh ionmhasail Diùcachd na Còirn. Bho ghabh Prionnsa na Cuimrigh uallach-stiùiridh air a son nuair a bha e 21 bliadhna ann an 1969, tha an fhàs ann an so-mhaoin calpa air a bhith brìgheil, agus bho chaidh luachadh a thoirt a-steach tha e air a dhol gu mòr thairis air a' mheudachadh ann an teachd-a-steach A Mhòrachd Rìoghail bhon oighreachd.

Tha Am Prionnsa a' roghnachadh còrr mòr air an teachd-a-steach bho Diùcachd na Còirn a chleachdadh airson coinneachadh cosgaisean a chuid obrach poblach is carthannais.

Gus dèanamh cinnteach gum bi an teachd-a-steach ri fhaighinn bho linn gu linn, chan eil cothrom sam bith aig Diùc na Còirn air calpa na Diùcachd. Tha seo a' ciallachadh nach eil an toradh is na prothaidean bho reic so-mhaoin calpa a' dol gu Prionnsa na Cuimrigh ach gu bheil iad air an ath-thasgadh taobh a-staigh na Diùcachd. A thuilleadh air sin, gus dèanamh cinnteach gu bheil stiùireadh na Diùcachd a' cur cudrom gu leòr air dìon is feabhasachadh so-mhaoin calpa chaidh reachdachd a thoirt a-steach san 19mh linn airson gun deigheadh an Diùcachd a ruith air bunait mhalairteach agus gum biodh Roinn an Ionmhais ann an dreuchd urrasair gus dèanamh cinnteach gun deigheadh gnòthachan Dhiùcan san àm ri teachd a dhion. 'S e a' phrìomh dhòigh sa bheil Roinn an Ionmhais a' coileanadh na dreuchd seo a bhith a' meas gnòthachan seilbhe le luach £200,000 no barrachd. Tha cunntasan na Diùcachd air an cur fa chomhair na Pàrlamaid gach bliadhna gus am bi i riarachtaichte gu bheil Roinn an Ionmhais a' coileanadh a dleastanasan san t-seagh seo. Chaidh a' bhunait air a bheilear a' ruith na Diùcachd ath-dhearbhadh le Roinn an Ionmhais ann an 2005.

Gach bliadhna bidh Am Prionnsa agus Ban-Diùc na Còirn a' dèanamh tursan cunbhalach gu àiteachan far a bheil fearann is seilbh aig an Diùcachd, agus san Ògmhios 2006 thadhail A Mhòrachd Rìoghail air pròiseact leasachaidh faisg air Truro a chaidh a thogail air talamh a chleachd a bhith air seilbh na Diùcachd. A' gnìomhachadh air prionnsabalan deagh stiùbhartachd agus leasachaidh sheasmhaich, ghlèidh an Diùcachd ùidh dhlùth ann an dealbhachadh is an togail nan taighean, cuid dhiubh a tha fo stiùireadh Urras Guinness, an carthannas taighean so-ruigsinneach anns a bheil Am Prionnsa na Chùl-taic.

B' ann air an aon turas dà làitheil dhan Iar Dheas a dh'fhosgail A Mhòrachd Rìoghail ionad-bèicearachd Duchy Originals gu h-oifigeil ann an Launceston, ciad àite cinneasachaidh na companaidh. Bha an t-ionad-bèicearachd mu thràth air tòiseachadh a' dèanamh Cornish pasties, flanaichean blasta is pigheannan.

Tha an Diùcachd gu gnìomhail a' brosnachadh a luchd-gabhail gu bhith a' cleachdadh glèidhteachas an cois tuathanachais mhalairtich. Tha i a' dèanamh seo le bhith a' toirt fiosrachadh seachad mu shàr-chleachdadh is uallaichean fo reachdas àrainneachd, a' brosnachadh ìrean àrda de bhith-iomadachd, a' togail aire gu prionnsabalan tuathanachais fàs-bheartaich, agus comasachd sgeamaichean àit-àrainneachd eile. Tha an oighreachd cuideachd ag obair ann an com-pàirteachas le grunn bhuidhnean àrainneachd leithid Farming and Wildlife Advisory Group, Forum for the Future, Soil Association, Friends of the Earth agus English Nature.

Ann a bhith a' sireadh lùghdachadh na lorg-coise gualain, tha cuid de shiostaman teasachaidh na Diùcachd gan atharrachadh (ann an siorrachd Hereford, mar eisimpleir, tha teasachadh geo-tearmach air a chur an sàs), tha an dealan air fad a' tighinn bho bhunan ath-nuadhachail, agus thathas a' leasachadh poileasaidh obrach dachaigh gus lùghdachadh a dhèanamh air siubhal luchd-obrach. Cuideachd, ann an oifis na Diùcachd ann an Newton St Loe faisg air Bath, thathas air tanca airson bith-diosail a chaidh a dhèanamh à ola còcaireachd cleachdte a chur an sàs airson connadh dha càraichean luchd-obrach is carbadan oighreachd a bhios freagarrach air a shon. Aig ceann gach bliadhna, tha sgaoilidhean gualain a th' air fhàgail air an ais-chothromachadh tro chur coillteach agus tasgadh san RA agus pròiseactan thall-thairis.

Le ceannachd Oighreachd an Ear Harewood de 900-acair ann an 2000, fhuair Diùcachd na Còirn cothrom beatha ùr a shèideadh a-steach ann an oisean de shiorrachd Hereford far an robh togalaichean air a bhith falamh is fàs airson 30 bliadhna.

'S e amas na Diùcachd ath-nuadhachadh bàidheil is seasmhach a dhèanamh, a' cruthachadh aonadan beò/obrach, oifisean is dachaighean, fhad' s a thathas a' gleidheadh nan structairean bho dhol a dhìth agus ag ath-nuadhachadh ceàrnaidh dùthchail. Sa bhliadhna chaidh seachad, chaidh an dara ìre den ath-leasachadh a chrìochnachadh aig Tuathanachas Grange, far a bheil aonadan beò/obrach a-nise air talamh tuathanachais a bha fàs.

Thuirt Barrie West, dealbhadair grafaig aig a bheil aon de na h-aonadan air mhàl gu bheil an Diùcachd air àite foirfe a thoirt dha airson a ghnìomhachas a ruith. Tha e ag ràdh: "Tha fìor fhaireachdainn de dh'fhois is sàmhchair an seo agus tha càileachd obrach iongantach ann."

Tha Prionnsa na Cuimrigh a' dèanamh cinnteach gu bheil leasachadh seasmhach aig cridhe dòigh-obrach Diùcachd na Còirn.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu Dhiùcachd na Còirn aig:
www.duchyofcornwall.org

UALLACH ÀRAINNEACHDAIL IS SHÒISEALTA

“Tha sinn a’ caitheamh stòrasan ar planaoid aig astar cho mòr is gu bheil sinn, dha-rìribh, beò air creideas agus air iasad’S e ar cuid chloinne is ar n-oghaichean a dh’fheumas na fiachan seo a phàigheadh agus tha sinn fo fhianachan dhaibh – agus dhuinn fhìn – rudeigin a dhèanamh mu dheidhinn mus bi e ro fhadalach.”

San 20 bliadhna mu dheireadh tha Prionnsa na Cuimrigh a’ dèanamh nas urrainn dha airson mothachadh a thogail mun bhuidheachd a tha obair a’ chinne-daonna a’ toirt air an àrainneachd, agus san Dùbhlachd 2006, nuair a chaidh a’ phròiseact aige, Accounting for Sustainability, a chur air bhog thug A Mhòrachd Rìoghail rabhadh seachad gun robhar a’ ruith a-mach à ùine san rèis gus droch bhuidheachd atharrachadh gnàth-shìde air a’ phlanaid a chasg.

Sgaoilidhean gasa taigh-glainne

Poileasaidh

Tha poileasaidh aig Teaghlach Prionnsa na Cuimrigh airson lùghdachadh cho mòr ’s a ghabhas a dhèanamh air sgaoilidhean gualain is gasa, agus far nach gabh sin a dhèanamh, a’ bunailteachadh nan sgaoilidhean. Mar thoradh air a’ phoileasaidh seo, bho 2000 tha Teaghlach a’ Phrionnsa – a tha a’ toirt a-steach a dhachaigh ann an Lunnainn is oifis aig Clarence House, àitean-còmhnaidh ann an Highgrove ann an siorrachd Ghloucester agus Birkhall ann an Alba, a thuilleadh air obair oifigeil a luchd-obrach, agus obair oifigeil (gun toirt a-steach siubhal thall-thairis) is prìobhaiteach A’ Phrionnsa agus Ban-Diùc na Còirn – air a bhith gun cheangal gualain. Gus lorg-coise a Theaghlach a thomhais na bu mhionaidiche is gus tuigse fhaighinn air ciamar a ghabhadh a lùghdachadh, bharantaich A Mhòrachd Rìoghail ath-sgrùdadh àrainneachdail ann an 2005. Air a ghabhail os làimh le Forum for the Future, chaidh an t-ath-sgrùdadh a chrìochnachadh tràth ann an 2007, agus chaidh ro-innleachd ùr fad-ùine àrainneachdail a dhealbh.

Lùghdachadh

Tha lùghdachadh connadh gualain agus a’ feabhasachadh èifeachdachd aig cridhe lùghdachadh sgaoilidhean gualain, agus chaidh grunn cheumnan a ghabhail, no thathas gan gabhail, gus sgaoilidhean an Teaghlach a lùghdachadh. Tha iad a’ gabhail a-steach: atharrachadh aig Birkhall agus Highgrove gu dealan ‘uaine’ bho stòrasan seasmhach (Tha Lùchairt Bhuckingham a’ toirt dealan Clarence House bhon chlàith nàiseanta); stàladh shiostaman-teasachaidh le mìrean-fiodha san dà thaigh-còmhnaidh; stàladh siostaman-teasachaidh ùra, nas èifeachdaiche ann an Clarence House; stàladh panallan grèine aig Home Farm agus Highgrove; agus grunn de nithean lùth-èifeachdaich nas lugha.

Tha sgaoilidhean siubhail nam pàirt mhòr de lorg-coise gualain an Teaghlach, agus nuair a tha Am Mòrachdan Rìoghail a’ siubhal san RA thathas ag amas air sgaoilidhean bho chàraichean, thrèanaichean is phlèanaichean turbo-prop a lùghdachadh, agus barrachd feum a dhèanamh, far a bheil sin iomchaidh, à plèanaichean clàraichte. A thuilleadh air sin, ann a bhith a’ gabhail is a’ cur dhleasan air dòigh, tha barrachd aire ga thoirt do lùghdachadh astaran siubhail; agus, gus sgaoilidhean bho chàraichean a lùghdachadh, thathas air atharrachadh Jaguar is Land Rover A’ Phrionnsa gu bhith a’ ruith air bith-diosail 100 sa cheud bho ola còcaireachd cleachdte. Tha modhan gan gabhail cuideachd airson siubhal luchd-obrach a lùghdachadh, agus tha poileasaidh aig an Teaghlach airson biadh roinne is fàs-bheairteach a cheannach airson ‘astar bidhe’ a lùghdachadh (agus taic a thoirt dha tuathanaich ionadail is bith-iomadachd).

’S e siubhal thall-thairis às leth an Rìaghaltais an nì singilte as motha a tha a’ cur ri lorg-coise gualain an Teaghlach. Tha e tric doirbh plèanaichean clàraichte a chleachdadh airson siubhal thall-thairis air sgàth iom-fhillteachd prògram Am Mòrachdan Rìoghaile, cùisean tèarainteachd agus nithean eile a bhios ga dhèanamh riatanach plèanaichean prìobhaiteach a chleachdadh.

A thuilleadh air sin, bidh riatanasan prògram chuirtean thall-thairis, a tha air a chur air dòigh le Oifis nan Dùthchannan Cèin is a' Cho-fhlaitheis, is chan ann leis an Teaghlach, a' ciallachadh gum faod, ann an cuid de bhliadhnan, sgaoilidhean meudachadh, an àite lùghdachadh, air sgàth nan astaran nas motha a dh'fheumar siubhal air gnothachas Rìaghaltais gu dùthchannan cèin is Co-fhlaitheis.

Mar thoradh air na modhan a chaidh a ghabhail mu thràth, ann an 2006-07 thuit sgaoilidhean gualain an Teaghlach 9 sa cheud gu 3,425 tonnes CO₂. Chan eil am figear seo a' gabhail a-steach sgaoilidhean bho Home Farm aig Highgrove. Tha mi-chinnt ann fhathast a thaobh tomhais sgaoilidhean gasa taigh-glainne an Tuathanachais, ach thathas an dòchas gum bi figear air an son ann an Sgrùdadh Bliadhna 2008.

Ged a chaidh na figearan sin ullachadh an co-bhann ri comhairlichean an Teaghlach, cha deach an sgrùdadh le treas com-pàirteach aithnichte. Thathas an dùil na figearan a sgrùdadh san àm ri teachd.

Bunailteachadh

A thuilleadh air a bhith ag àrdachadh èifeachd lùtha, agus a' lùghdachadh sgaoilidhean gualain mar thoradh air sin, tha Am Prionnsa air sgaoilidhean gualain a Theaghlach a bhunailteachadh o chionn 2005, ach chan eil an fheadhainn a thàinig bho siubhal thall-thairis ro 2007. Tha a' bhunailteachadh air a choileanadh le bhith a' tasgadh, tro Climate Care, buidheann shònraichte, ann am pròiseactan lùtha seasmhach agus ann an iomairtean lùtha èifeachdach. Ach 's e roinn a tha seo a tha ag atharrachadh, agus 's e sgrùdadh leantainneach bhon Teaghlach is a chomhairlichean an dòigh as fheàrr air bunailteachadh seasmhach is èifeachdach a choileanadh.

An t-àm ri teachd

Ged a tha e misneachail gu bheilear air sgaoilidhean a lùghdachadh 9 sa cheud sa bhliadhna mu dheireadh, feumar tuilleadh a dhèanamh còmhla ri comhairlichean an Teaghlach gus comharrachadh far an gabh tuilleadh lùghdachaidhean a choileanadh. A dh'aindeoin an fheum a th' air an obair a bharrachd seo, tha an Teaghlach misneachail gun tèid e thairis air targaid Kyoto na RA airson sgaoilidhean a lùghdachadh 12.5 sa cheud eadar 2008-2012; ged, mar a chaidh ainmeachadh roimhe, a bhios coileanadh na targaid seo an urra gu ìre mhòr ri na bhios de shiubhal thall-thairis air iarraidh le Oifis nan Dùthchannan Cèin is a' Cho-fhlaitheis.

Uisge is sgdal

Tha lùghdachadh caitheamh uisge is feabhasachadh rianachd sgdail cudromach cuideachd ann an ìsleachadh buaidh an Teaghlach air an àrainneachd. Thathas air caochladh dhòighean a thoirt a-steach gus caitheamh uisge a lùghdachadh, a' gabhail a-steach siostam òtrachais leapa cuilce aig Highgrove agus siostam uisgeachaidh dha na gàrraidhean far a bheil an t-uisge sna pìoban air mullach an taighe ga chleachdadh airson na gàrraidhean uisgeachadh. Tha sgdal taighe bho na taighean-còmhnaidh is oifisean air ath-chuairteachadh, is air a chleachdadh, mar eisimpleir, airson tothar sna gàrraidhean far an gabh sin a dhèanamh. Gabhaidh tuilleadh a dhèanamh airson ana-caitheamh a lùghdachadh is ath-chuairteachadh fheabhasachadh, agus bidh seo na phrìomh amas airson 2007-08 aon uair 's gun tèid tomhas nas mionaidiche air ana-caitheamh an Teaghlach a ghabhail os làimh.

Diùcachd na Còirn, Duchy Originals agus buidhnean carthannais A' Phrionnsa

Tha Teaghlach Prionnsa na Cuimrigh na aon phàirt a-mhàin de lorg-coise àrainneachdail obair A Mhòrachd Rìoghaile. Mar a Theaghlach, tha Diùcachd na Còirn agus Duchy Originals ag obair gu cruaidh airson an èifeachdachd gualain is an seasmhachd àrdachadh. Tha na trì buidhnean ag obair còmhla, far an gabh sin a dhèanamh. A thuilleadh air sin, ann an 2006 dh'ìarr Am Prionnsa gun gabhadh gach tè de 18 phrìomh bhuidhnean an sgrùdadh àrainneachdail fhèin os làimh agus gun stèidhicheadh iad an targaidean fhèin airson am buaidh air an àrainneachd a lùghdachadh.

Gheibhear fiosrachadh a bharrachd mu iomairtean àrainneachdail A' Phrionnsa air:

www.princeofwales.gov.uk